



# Aonad - Seònaid NicLachlainn

## Mòr-shealladh Aonad

Chaidh na beachdan leasain agus planaichean seo a sgrìobhadh gus dèiligeadh ri raon farsaing de eòlasan agus builean litearrachd Gàidhlig, ealain chruthachail, teicneòlas agus cuspairean sòisealta. Tha an aonad obrach seo a' gabhail a-steach na ceithir comasan sa Churraicealam airson Sàr-mhathais.

B' e am prìomh ghoireas, an taisbeanadh powerpoint a sgrìobh Priscilla Scott, a stiùir leasachadh nan leasan seo a' rannsachadh saoghal Seònaid NicLachlainn bho na làithean a bu tràithe aice san Òban gu na làithean mu dheireadh aice ann an Glaschu.

Tha na planaichean leasain agus na beachdan sùbailte. Faodar an atharrachadh a rèir diofar stoidhlichean teagais is ionnsachaidh bhon dàrna ìre sa bhun-sgoil chun treas ìre san àrd-sgoil.

Tha mi an dòchas gum bi na diofar ghniomhan tarraingeach agus gun toir iad cothrom do sgoilearan an cuid Gàidhlig a chleachdadh agus a leasachadh ann an diofar dhòighean.

Bu toil le sgioba a' phròiseict an obair fhaicinn a bhios sgoilearan air feadh na h-Alba a' dèanamh airson a' phròiseict shònraichte seo. Feuch an obair agaibh a shealltainn dhuinn. Mòran taing do Mhàiri Anna NicUalraig airson a dicheall agus a dòghras airson a' phròiseict seo agus an cothrom goireas a chruthachadh gus na ginealaichean òga ionnsachadh mun dileab a dh' fhàg Seònaid NicLachlainn às a dèidh.

**Kerrie Cheannadach**

<b>Prìomh Eòlasan &amp; Builean</b>	<p>'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.</p> <p style="text-align: right;"><b>SOC 2-06a</b></p> <p>'S urrainn dhomh bruidhinn mu na h-adhbharan a bha aig daoine a bha an sàs ann an tachartas cudromach san àm a dh'fhalbh agus 's urrainn dhomh measadh a' bhuaidh a bha aca, aig an àm sin agus on uair sin.</p> <p style="text-align: right;"><b>SOC 3-06a</b></p>
<b>Eòlasan agus builean air an sgrùdadh san aonad obrach seo</b>	<p><i>Nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile, 's urrainn dhomh freagairt ann an dòighean iomchaidh a rèir mo shuidheachaidh, a' sealltainn gu bheil mi a' cur luach air beachdan dhaoine eile agus gan cleachdadh gus cur ri mo smaoinachadh.</i></p> <p style="text-align: right;"><b>LIT 2-02a</b></p> <p>'S urrainn dhomh dèiligeadh ri daoine eile gu h-iomchaidh, am brosnachadh gu bhith a' gabhail pàirt agus tha mi a' tuigsinn gu bheil làn chòir aca beachd eadar-dhealaichte a bhith aca.</p> <p>'S urrainn dhomh freagairt a rèir mo shuidheachaidh agus na chanas daoine eile a chleachdadh airson smaoinachadh a mheasadh, a shoilleireachadh no atharrachadh.</p> <p style="text-align: right;"><b>LIT 3-02a</b></p> <p>'S urrainn dhomh beachdan is fiosrachadh iomchaidh a thaghadh is a chur an òrdugh ann an dòigh a tha freagairt air m' adhbhar agus facail a chleachdadh a fhreagras air mo luchd-amais.</p> <p style="text-align: right;"><b>LIT 2-06a</b></p>



'S urrainn dhomh beachdan agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh gu neo-eisimeileach airson diofar adhbharan, fiosrachadh no beachdan deatamach agus fiosrachadh-taic a chur ann an òrdugh rianail agus briathrachas iomchaidh a chleachdadh airson mi fhìn a chur an cèill gu h-èifeachdach rim luchd-amais.

**LIT 3-06a / LIT 4-06a**

Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh:

- fiosrachadh, eòlasan is beachdan innse
- pròiseasan agus beachdan a mhìneachadh
- na cùisean a thèid a thogail aithneachadh agus geàrr-chunntas a dhèanamh air na prìomh phuingeannan agus cho-dhùnaidhean
- puingeannan a shoilleireachadh le bhith a' faighneachd cheistean no le bhith ag iarraidh air daoine tuilleadh a ràdh.

**LIT 2-09a**

Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh:

- fiosrachadh, smuaintean no beachdan a thoirt seachad
- pròiseasan, bun-bheachdan agus beachdan a mhìneachadh
- cùisean a thèid a thogail aithneachadh, geàrr-chunntas a thoirt air na co-dhùnaidhean no brìgh na cùise a thuigsinn.

**LIT 3-09a**

Tha mi a' faighinn misneachd nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh m' àite ionnsachaidh. 'S urrainn dhomh rudan a chur ann an cèill ann an dòigh shoilleir, bheothail agus tha mi ag ionnsachadh goireasan freagarrach a thaghadh agus an cur ann an òrdugh gu neo-eisimeileach.

**LIT 2-10a / LIT 3-10a**

A' cleachdadh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, 's urrainn dhomh fiosrachadh a lorg, a thaghadh agus a chur an òrdugh bho mheasgachadh de ghoireasan agus seo a chleachdadh airson diofar adhbharan.

**LIT 2-14a**

A' cleachdadh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, 's urrainn dhomh fiosrachadh a diofar ghoireasan a lorg, a thaghadh, a chur an òrdugh, a ghiorrachadh, a chur còmhla ri fiosrachadh eile agus a chur gu feum.

**LIT 3-14a / LIT 4-14a**

Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh beachdan agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, gu neo-eisimeileach, airson diofar adhbharan, agus fiosrachadh no smuaintean deatamach agus fiosrachadh eile a tha a' cur taic riutha a chur ann an òrdugh rianail. 'S urrainn dhomh facail iomchaidh a chleachdadh airson rudan a chur an cèill gu soilleir ris an luchd-amais agam.

**LIT 3-26a / LIT 4-26a**

Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh smuaintean agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, a chur an òrdugh ann an dòigh a tha a' freagairt air m' adhbhar, agus facail a chleachdadh a rèir mo luchd-amais.

**LIT 2-26a**

Tha mi ag ionnsachadh cànan agus stoidhle a chleachdadh ann an dòigh a tha tarraingeach agus/no aig am bi buaidh air an leughadair agam.



GAI 2-27a

'S urrainn dhomh aire leughadairean a ghlacadh agus buaidh a thoirt orra tro mar a tha mi a' cleachdadh cànan, stoidhle agus an tòn a tha a' dol leis an genre.

GAI 3-27a / GAI 4-27a

'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhìneachadh no smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean.

LIT 2-28a

'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan no bun-bheachdan a mhìneachadh agus smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean.

LIT 3-28a

Is urrainn dhomh leudachadh agus cur ris an eòlas agam air teicneòlasan didseatach gus beachdan a chruinneachadh, anailis a dhèanamh orra, fiosrachadh iomchaidh agus an eagrachadh ann an dòigh chothromach.

TCH 2-01a

Is urrainn dhomh sgrùdadh agus cleachdadh feartan de raon de theicneòlasan didseatach, bathar-bog agus goireasan air-loidhne gus dearbhadh an fhear as fheàrr airson ceistean fhuasgladh.

TCH 3-01a

Is urrainn dhomh teicneòlasan didseatach a chleachdadh gus sireadh, lorg agus faighinn fiosrachadh agus tha mi mothachail nach gabh am fiosrachadh seo air fad a chreidsinn.

TCH 02-02a

An dèidh cleachdadh teicneòlasan didseatach gus sireadh, lorg agus faighinn fiosrachadh is urrainn dhomh an taghadh agam fhìreanachadh a thaobh èifeachd, earbsachd agus mothachadh air mèirle-sgrìobhaidh.

TCH 3-02a

Tha cothrom agam raon farsaing de mheadhanan agus de theicneòlasan a thaghadh agus fheuchainn a-mach airson ìomhaighean agus cruthan a dhèanamh, gan coimeas ri chèile agus gan cur còmhla airson ghnìomhan sònraichte.

EXA 2-02a

Dh'fheuch mi raon de mheadhanan agus de theicneòlasan airson ìomhaighean agus cruthan a dhèanamh, a' cleachdadh na tuigse a tha agam air na rudan a nì is nach dèan iad.

EXA 3-02a

Is urrainn dhomh seinn agus ceòl a chluich bho raon de stoidhlichean agus chultaran eile, a' sealltainn sgil agus a' cleachdadh stiùiridhean-ciùil, agus/no comharradh ciùil.

EXA 2-16a



	<p>Is urrainn dhomh seinn agus/no ceòl a chluich bho raon de stoidhlichean agus chultaran agus mo roghainn ciùil a chluiche le misneachd, a' cleachdadh stiùiridhean-ciùil, comharradh ciùil agus/no ceòl-cluaise.</p> <p style="text-align: right;"><b>EXA 3-16a</b></p>
<b>Goireasan</b>	<ul style="list-style-type: none"><li>• PPT Jessie</li><li>• Faclan agus Bhideothan ionnsaschaidh- Na h-òrain</li><li>• Artagailean mu Jessie air turas-ciùil</li><li>• Dealbhan</li><li>• Làrach-lìn Jessie</li><li>• Prògram air BBC Alba – Trusadh Jessie N NicLachlain, Ban-rìgh nan Òran</li><li>• Clàraidhean Jessie</li></ul>

